Q. What became of all the prophets and apostles?

A. They generally suffered martyrdom for the doctrine they taught. According to history, Isaiah was sawn asunder; Jeremiah was stoned; Peter and Andrew were crucified; Paul beheaded, &c.

C. Co an reach sin a chrìothnaich ri searmoin Phèil?

F. Felics, an t Uachdaran Romanach.

C. Co 'n rìgh sin is beag nach d' aontaich Pèl gu bhì na Chrìosduidh?

F. Rìgh Agrippa.

C. Cuin a bha baile 's teampul Ierusalem araon air an sgrìos?

F. Mu thuairream da fhìchead bliadh'n' an deigh bais Chrìosd.

C. Co leis a rinneadh sin?

F. Le Titus Iompaire na Roimhe.

C. Cìod a thachair do na Faidhean uile, 's do na h'Abdail?

F. Dh' fhuiling a chuid bu mho dhiu 'm bàs arson an teagaisg a thug iad seachad. Do reir eachdruì' bha Isaiah air a fàthadh as a cheile; bha Ieremiah air a chlachadh; bha Pèadar agus Aindrea air an ceusadh; is thugadh an ceann do Phòl, &c.

Some Forms of Prayer  
for Children, both  
for Week-days and  
Sabbath-days.

*For the Morning of a Week-  
day.*

**M**OST holy and blessed  
God, thou madest me  
for thy glory and service ;  
Lord, help me to remem-  
ber thee my Creator in the  
days of my youth. I con-  
fess, I am fallen from God,  
and am become by nature  
a child of wrath, and an  
heir of hell ; my heart is  
backward, to that which  
is good, and wholly in-  
clined to that which is evil.  
*God be merciful to me a sin-  
ner.*

*Create in me a clean heart,  
O God, and renew a right  
spirit within me.* Lord, take  
away my hard and stony  
heart, and give me a soft  
and broken heart for sin.  
O ! forgive all my sins,  
original and actual ; and  
wash them all away in the  
blood of Christ my Savi-  
our, that cleanseth from  
all sin.

URNAIGHEAN arson  
Cloinne, araon air  
laithibh Seachduin,  
agus Sabaide.

*Arson madainn lè seachd-  
uin.*

**O**DHE naomh agus  
uile-bheannuichte !  
chruthaich thu mise chum  
do ghloire 's do sheirbheis  
fein ; O cuidich leam thusa  
mo Chrutha'ear a chuimh-  
neachadh 'an laithibh m'  
oige. Tha mi 'g aideacha  
gu do thuit mi o Dhia, 's gu  
bheil mi thaobh natuir toill-  
teannach air feirg, is am  
oighre air ifrinn. Tha mo  
chridhe do-lubai' gus an ni  
fin tha math, agus air claon-  
a' gu h-iomlan gus an ni fin  
tha olc. *A Dhia bi trocair-  
each dhomh-sa peacach !*

*Cruthaich annam cridhe  
glan, O Dhe, 's ath-nuadh-  
aich spiorad ceart an taobh  
astigh dhìom.* A Thighear-  
na, buin an cridhe cruai'  
clachaidh uam, agus thoir  
cridhe maoth agus briste  
dhomh arson mo pheacai.  
O maith mo pheaca gin agus  
gniomh gu h-iomlan, is glan  
uam iad air fad le fuil mo  
Shlanai'car a ghlanas o gach  
peaca.



Blessed God, preserve me continually from the snares of sin, and temptations of the devil: Keep me from cursing, swearing, and lying, and from all pride and vanity, and profaning of the Lord's day.

Lord, make me a faithful servant to thee all my days: provide for me such things as I want, either for soul or body. *Give me this day my daily bread;* and make me content with my lot, and thankful in every condition thou seest meet for me.

Lord, bless all my relations, and especially my parents; God make me a dutiful child to them.

I thank thee for taking care of me this last night: Lord, watch over me through this day, and all the days of my life, and bring me to heaven at last, that I may dwell with thee, see thy face, and sing thy praise for ever, for Jesus Christ's sake.  
*Amen.*

A Dhe ghràsmhoir, teas-airg mi do ghnà o liontaibh a pheacai 's o bhuaireannaibh an Aibhisteir. Gleidh mi o mhionnan, o mhallacha 's o breugan; o gach uile uabhar agus diomhanas, is o mhi-naomhacha la an Tighearna.

A Thighearna dean feirbhiseach dileas dhuit fein diom am fad is beo mi. Deònuich dhomh na nithe sin tha feumail domh a thaobh anama no cuirp. *Thoir dhomh an diugh m' aran lathail;* agus dean toilichte le m' chrannchar mi, is taingeil anns gach flaid a chi thusa iomchuidh air mo shon.

A Tighearna, beannuich m' uile chairdean, agus gu sonraichte mo pharanta. O dean mis' am dhuine cloinne dleasnach dhoibh.

Buidheachas duit a ghabh curam dhìom 'san oiche chaidh seachad. A Thighearna dean fair' orm seadh an la so, 's seadh uile laithe mo bheatha, 's faidheoidh gabh a-steach do neamh nì chum's gu gabhainn comh-nui' ruit, 's gu faicinn do ghais, 's gu seinninn do chliu gu sìorruith, air sgà Iosa Chrìosd. *Amen.*

*Another.*

**M**OST gracious God, thou didst form me in the womb, and took me safely from thence: Thou hast provided for me ever since, and preserved me in many dangers. I was early devoted to thee in baptism: Lord, own me as thine, and give me a portion among thy children.

O gracious God, thou hast encouraged little children to come unto thee, and said, *Of such is the kingdom of God.* O! take me up into the arms of thy protection, and put thy hands of mercy upon me, and bless me. O! give me a new heart, and a new nature; and let Christ be formed in my soul. Lord, put forth that mighty power which made me a creature at first, to make me a new creature.

God, keep me from all the sins and snares to which children are liable: preserve me from speaking ill words, or keeping bad company; but let me be a companion of them that fear thee. Lord, help me to remember and

*Aon eile.*

**O**DHE ghrasfhoir, dheilbh thu mise 'sa bhroinn, is thug thu sabhailte mi as sin. Rinn thu freasdal domh riabh o sin, is gbleidh thu mi 'an ioma' gabha. Chaidh mo thoirt suas dhuitse gu moch ann am bailte; gabh rium, o Thighearna, mar neach a bhuineas duit fein, is thoir dhomh cuibhrionn am measg do chloinne.

O Dhe ghrasfhoir, thug thusa misneach do chloinn òig teachd a t-ionnsuidh, agus thubhairt thu gur ann do'n leithidibh sin ata rioghachd Dhe air a deana suas. O gabh mis' an uchd do dhèid, agus cuir do lamha trocaireach orm is beannuich mi. O thoir dhomh cridhe 's natur nuadh, agus biodh Crìosd air a dheilbh ann am anam. A Thighearna, cuir amach do threun neart, a rinn creatuir beo dhìom an toiseach, a chum creatuir nua' dheana dhìom a rìs.

O Dhe gleidh mi o gach peaca 's buaire gu 'm bheil clann og buailteach. Gleidh mi o dhroch cainnt 's o dhroch cuideachd, is deonuich dhomh bhì 'm chompanach dhoibhsan air am bheil t eagal-sa. A Thighearna cuidich leam boide mo

perform my baptismal engagements, that I may renounce the world, the devil, and the flesh, and still watch against them.

O God, I bless thee for sparing my life, and preserving me through the darkness of this last night. Lord, guide me through this day, and help me still to remember that thy all-seeing eye is upon me. Make me wise to think upon and consider my latter end, that I may still be preparing for death, judgment, and eternity. And all this I beg for the sake and merits of my blessed Lord and Saviour Jesus Christ. *Amen.*

bhais-tei' chuimhneacha 's a choimhead, a chum 's gu cuirinn cùl ris an t-saoghal, ris an Aibhisteir agus ris an fheoil, 's gu deanainn faire do ghnà na 'n aghai.

Buidheachas duit, O Dhe gu do chaomhainn thu mo bheatha, 's gu do choimhead thu mi trid dorchadas na h-oiche chai' seachad. A Thighearna, stiur mi feadh an là so, 's cuidich leam a chuimhneacha do ghnà gu bheil do shuil uile-leirsneach a' dearcadh orm. Thoir dhomh gliocas gu smaointeachadh air mo chrich dheireannaich, a chum 's gu bithinn do ghnà ri ulmhacha sa chomhair bais breitheanais agus fiorduith-eachd; agus so uile tha mi guidhe' air sgà toillteanais mo Thighearna 's mo Shlanui-ear bheannuichte Iosa Crìosd. *Amen.*

*A Prayer for the Evening of a Week-day.*

**M**OST blessed and glorious God, thou hast preserved and fed me this day, and all the days of my life; and hast bestowed many mercies upon me. *What shall I render to thee for all thy benefits? And*

*Arson Feascair la Seachdain.*

**O**DHE ghloirmhor agus bheannuichte ghleidh agus bheathaich thu mi 'a diugà agus feadh uile làithe mo shaoghail, is bhuilich thu orm ioma' fochair. *Ci- iocfas mi dhuit arson t uile thiolacaidh? Ach gu sen-*

especially for thy love, in sending thy Son Jesus Christ, to redeem perishing sinners? *Thanks be unto God for his unspeakable gift.*

Lord, open thou mine eyes, that I may see my lost perishing state by nature, and my unspeakable need of Christ to be my Saviour, that so with all speed I may fly to him for refuge. O God, hide me in his wounds, wash me in his blood, and clothe me with his righteousness.

Lord, give me the Spirit of adoption, that I may cry, *Abba Father*; and look up to thee with confidence, as my Father in heaven, for the supply of all my wants. O! make me a wise and obedient child, and cause me to grow in grace, as I grow in days and years; that I may have thy blessing and favour from heaven, and may prove a blessing and comfort to my parents and relations on earth.

God, bless my parents, and be a friend to all my friends, and forgive my enemies. Lord, watch over the whole family, and preserve me through the

raicht' arson do ghraidh ann ad Mhac Iosa Criofd a chur a shàbhala pheacach cailte? *Buidheachas do Dhia arson a thialac do-labhairt.*

Fosgail, aThighearna, mo shuilean 's gu faicinn mo staid chailte thaobh natuir, agus m' fheim anabarrach air Criofd mar Shlanai'ear, a chum 's gu teichinn dà ionnsui' gu grad arson tearmuinn. O Dhe, falaich mi na lotaibh, ionnuil mi na fhuil, is sgeadaich mi le fhi-reantachd.

A Thighearna, thoir dhomh Spiorad na h uchd-mhacachd a chum 's gu glaodhainn *Abba Athair*, 's gun amhaircinn le muinigh-in a suas riutsa m' Athair, neamhaidh, a dh'fhòireas air m' uile uireasbhui'. O dean am dhuine cloinne glic agus umhal mi, 's thoir orm fàs ann an gras, mar tha mi fàs an laithibh agus am blianaibh, chum 's gu faighinn do bheannacha-fa 's do ghean-math o neamh, 's gu 'm bithinn am bheannacha do m' pharantaibh 's do m' chairdean air thalamh.

Beannuich, O Dhia, mo pharanta, 's bi 'd charaid do m' chairdibh uile, 's thoir maitheanas do m' naimhdibh. O dean fair' air an teaghlach so gu leir;

night, and let me lie down in a reconciled state with God.

Cause me to keep in mind, that the night of death is coming, when I must leave the world, and lie down in a grave: Lord, fit me for that time, and prepare a mansion for my soul in heaven, where I may eternally rest with thee, and sing hallelujahs to him that sits upon the throne, and to the Lamb, for ever and ever. To God the Father, Son, and Holy Ghost, be everlasting glory. *Amen.*

*Another.*

**M**OST gracious and blessed God, I am thy creature, the workmanship of thy hands, and I am fearfully and wonderfully made: But alas! I have deformed myself by my sins: *Lord, have mercy upon me a miserable sinner.* I have destroyed myself, but in thee is my help.

O God, give me grace to know, love, and serve thee, with all my heart, mind, and strength. O

coimhead mise trid na h oiche, 's deonúich dhomh luidhe' síos an' reite ri m' Dhia.

Thoir orm a chuimhneacha gu bheil òiche bhais a' teachd, 'san eigin domh an saoghail fo fhagail, is luidhe síos anns an uaigh. A Thighearna deasaich mi air chionn na h uaire sin, agus ulmh-aich do m' anam aite co-nuidh air neamh, far am faigh mi foisshiorruith maille riutfa, 's an feinn mi halleluia do 'n Tí tha na shuidhe air an rí'-chathair is do'n Uan gu sebhainn. Do Dhia an t-Athair am Mac agus an Spiorad naomh gu robh gloir a nis agus gu síorruith. *Amen.*

*Aon eile.*

**O**DHE ghrasmhóir uilé-bheannaichte, 's mise do chreatúir, obair do lámh, agus is iongantach is eagalach mo dhealb. Ach mo thruaighe! tharruing mi orm fein mi-dhreach le m' pheacai. *A Thighearna, dean trocair orm sa peacach truagh!* Sgrios mi mi-fein, zch annadfa tha mo choibhair.

Thoir gras dhomh, O Dhe, gu eolas a ghabhail ortfa, 's do ghradhacha, le m' uilé chridhe inntinn agus neart.

teach me to follow my Saviour, remember my baptism, and keep my vows, that I may deny all ungodliness and worldly lusts, and live soberly, righteously, and godly in this present world. May I, like Jesus, increase daily in wisdom and stature, and in favour both with God and man.

Lord, be thou a father to me; lead me in the way that I should walk; and grant, that from my childhood I may know the scriptures. God bless my parents, and all my relations: enable me to do my duty to them, and them to do their duty to me. Lord, visit the sick, and help the poor and all that are in distress.

I bless thee, O Lord, who hast kept me from sins, snares, and dangers through this day: Do thou likewise preserve me through the silent watches of the night; keep me from the roaring lion, that goes about night and day, seeking whom he may devour.

O teagaisg dhomh mo Shlar-ai'ear a leanuinn, mo bhaiste chuimhneacha, 's mo bhoideán a choimhead, a chum as gu'n cuirinn cùl ris gach uile mhi dhiadhachd agus an-mianna sa ghialta, 's gu caith-inn mo bheatha gu measara, gu cothromach is gu diadhaidh 'san t-saoghal so 'ta lathair. Deonnich dhomh bhi cofail ri Iosa, ag fàs gach la ann an gliocas, agus 'an dea-ghèan aig Dia's aig daoine.

A Thighearna bi thus' at Athair dhomh, is treoruich mi san t-slighe 'n coir dhomh gluafad. Decnuich dhomh gu moch eolas a ghabhail air t fhocal. A Thighearna beannuich mo pharanta 's mo chairdean uile. Cuidich leamsa mo dhleasna a dheana dhoibhsan, agus leo-san a nì ceadna dheana dhomb-sa. A Thighearna amhairc air staid na muinntir tha tinn, is gabh tuas do na bochdaibh is dhiubhsan a tha 'n amhghar.

Buidheachas duit, O Thighearna, a ghleidh mi o pheaca, buaire, 's cunthart feadh an là so. Teairuinn mi fos feadh dorchadas na h-oiche. Coimhead mi o 'n leoghann bheucach ata dh' oiche 's do lathia dol mu 'n cuairt ag iarraidh ce dh' fheudas e mhilleadh,

O God, prepare me to die, and to appear before thee. O keep me from the lake which burns with fire and brimstone, and bring me to that everlasting kingdom, that I may be ever with the Lord, for the sake of Jesus Christ, who with thee, O Father, and the Ho'y Spirit, is over all God blessed for ever. *Amen.*

*A Prayer for the Morning of the Lord's Day.*

**O** Glorious and Almighty God, I come this morning of thy day, to adore thee, Father, Son, and Holy Ghost. Thou art the Maker of the world, the Redeemer of lost man, and Sanctifier of the elect. O give me grace to know thee, a heart to love thee, and strength to serve thee.

O Lord, give me thy renewing Spirit, to quicken my dead soul, to soften my hard heart, to enlighten my dark mind, and turn my rebellious will to thee and thy holy laws. It was on this day of the

O Dhe, deasfuich mi fa chomhair bais agus breitheanais. O gleidh mi o 'n loch ata losga le teine 's pronnusc, agus treoruich mi chum do rioghachd shiorruith, air sga Iosa Criold, ata maille riuts, O Athair agus a Spioraid Naoimh, na Dhia oiscionn na h uile, beannuichte gu shiorruith. *Amen.*

*Arson Madainn la an Tigh-carna.*

**O** D H E ghloirmhoir uile chumbachdaich, tha mis' a' teachd a t-ionnsuidh air madainn do la fein, a thoirt aorai' dhuit, O Athair, a Mhic is a Spioraid Naoimh. Is tusa Cru-thai'ear an t-saoghail, Slanai'ear an duine chaille, 's Fear-naomhachai nan daoine taghta. O thoir dhomh-fa gras gu eolas a ghabhail ort, cridhe thoirt gradh dhuit, is neart a chum do sheirbheis.

O Thighearna deonuidh dhomh do Spiorad gu m' ati-nuadhacha, gu m' a-nam marbh a bheothacha, gu m' chridhe cruaidh a n-hachtha cha, gu m' ientindherch' e shoilseacha, 's mo thoil cheannairceach a-

week that my Saviour rose from the dead: O that, in like manner, I may rise from the grave of sin this day, and walk with him in newness of life.

God fill my soul this day with love to my Redeemer, and to his word: Wean my heart from the world, and set my affections upon things above. Lord, give me the hearing ear, and the understanding heart; and let a day in thy courts be better than a thousand elsewhere.

Lord, never let the things of the world make me to forget the concerns of my soul: For what will it profit me to gain the whole world, and lose my soul and Saviour? Surely it is good for me to draw near thee this day; *for all that are far from thee shall perish.*

God, make thy Sabbaths thy peoples delight, and pour forth thy Spirit upon ministers and hearers this day. Give thy servants the tongue of the learned, and open

ma' riutfa 's ri d' lagh nao-mha. B' ann air co-ainm an là 'n diugh a dh' eirich mo Shlanai'ear o na mairbh, O gu 'n eir'innse air an doigh cheudna o uaigh a pheacai 'n diugh, chum gluasfad maille risan ann an nuadh-achd beatha.

O Dhe lion m' anam an diugh le gradh do m' Shlanai'ear is do fhocal; fuasgail mo chridh' o 'n t-faoghal, agus suidhich m'aigne air nithe neamhaidh. A Thighearna thoir dhomh cluas gu eisdeachd is cridhe gu tuigsinn, is biodh la a' n ad chuirtibh-sa ni 's fearr dhomh na mile la ann an ait' eile.

O na leig le nithe na beatha so dol eadar mi 's na nithe bhuineas do leas m' anama. Oir ciod a bhuan-achd a bhiodh agam an faoghal uile choisneadh, is m' anam is mo Dhia chall. Gu cinneach is math dhomhsa teachd dhù dhuits' an diugh, oir theid gach-neach tha fada uait am mughha.

O Tighearna, dean do shabaidean taitneach do d' phobull, is taom anuas an diugh do Spiorad air ministreirin 's air luchd eisdeachd. Thoir teanga-shoghlaimte do d' sheirbhie-



men's hearts to receive thy word: And let the prayers and praises of thy people be presented acceptable to thee, through Jesus Christ their Mediator: To whom, with the Father, and the Holy Spirit, be praise for ever. *Amen.*

*Another.*

**M**ERCIFUL God and Father, through the Lord Jesus Christ, look down with mercy upon a poor fallen creature. I have gone astray from the very womb, yea, I was conceived in sin, and brought forth in iniquity. O convince me both of my sin and my misery, that I am defiled and deformed, blind and naked, while without Christ. I justly deserve hell and wrath; and, if thou hadst not provided a Saviour for me, I had been lost and undone for ever.

O God, make me acquainted with Christ my Saviour in my youth; and let my polluted soul be washed in the fountain of his most precious blood: And work in me repent-

feich is fosgail cridheachan dhaoine chum 's gu gabhadh iad asteach t fhocal. O gabh gu taitneach ri urnaigh agus mola' do phobuill trid Iosa Crisfd an t Eadar-mheadhonair; is dhasan, maille ris at Athair is an Spiorad Naomh gu raibh cliu gu siorruith. *Amen.*

*Aon eile.*

**O**DHE throcairich, agus Athair, trid Iosa Crisfd, seall anuas le h-ichead air crea'uir truagh agus peacach. O'n bhroinn chai' mi air seachran; seadh ghineadh agus rugadh mi ann am peaca. O thoir dhomh mothachadh araon air mo pheaca 's air mo thruaighe, gu bheil mi falach agus graineil, dall agus lomnochd, am feadh ata mi as eug'ais Chrifsd. Ann an ceartas tha mi toiltinn feirg agus 'isfrinn; is mur deasaiche tusa Slanai'-ear dhomh bhithinn cailte gu siorruith.

O Dhe, thoir eolas dhomh an am m' oige air Crisfd mo Shlanai'-ear, is biodh m' anam neo-ghlan air ionnlad an' tobar fhola prifeil-san. O oibrich ann-am aithreachas a thaobh.

ance towards God, and faith towards our Lord Jesus Christ.

O that I may be one of Christ's disciples, instructed by his precepts, ransomed by his blood, and a follower of the example of his life.

Lord, give me grace to love thee with all my heart, to mention thy name with reverence, to keep thy Sabbaths with delight, and to hear thy word with attention.

O God, enter not into judgment with a poor ill-deserving and hell-deserving sinner. I am thine by my baptism-covenant, tho', alas! I have proved perfidious in that covenant. I have forgot God my Maker, Saviour, and Sanctifier, to whom I was engaged; and I have hearkened to the devil, the world, and the flesh, which I have renounced.

O God, let not my sins and follies stop the current of thy tender mercies to me this day; but make it a day of repentance and pardon to my soul. Shew thyself my reconciled fa-

Dhe, agus creideamh a thaobh an Tighearn' Iosa. Criofd.

O gu bithinn am aon do dheisciopla Chriofd, air mo theagasg le aitheantaibh, air mo cheannach le fhuil, 's am fhear-leanmhuinn air eifempleir a bheatha.

Deonuich, O Dhe, dhomh gràs a chum thus' a ghradhachale m' uile chridhe. luadh thoirt air t-ainm le h urram, do shabaidean a choimhead le tlachd, is t-fhocal eifdeachd le furachras.

O Dhe, na tionnsgain ann 'am bretheanas le peacach truagh agus droch-thoilltineach. 'S leat fein mi thaobh cumhaanta mo bhaisite', ge do bha mi, mo thruaighe! neo sheas'ach agus fealltach anns a chumhanta sin. Dhearmaid mi Dia, mo Chrutha'ear, mo Shlanai'ear agus m' Fhear-naomhachai', d'an robh mi fu cheangal; agus dh' eisd mi ris an Aibhisteir, ris an t saoghal, agus ris an fheoil, ri 'n do chuir mi cùl.

O Dhe, na leig le m' pheaca 's le m' amaideachd fruth do throcair chaomh a thionnda uam an diugh, ach dean e na la aithreachais agus maitheanas do m' anam. Nòchd thu fein

ther, and own me for thy child, for the sake of thy beloved Son Jesus Christ, in whom thou art well pleased: To whom with thee, and the Holy Ghost be glory for ever. *Amen.*

*For the Evening of the Lord's Day.*

**H**OLY and most glorious God, thou art the hearer of prayer, and the fountain of mercy; thou art the God of my life, and the life of my soul: O quicken thou me that I may call upon thy name, and pour out my heart before me.

O Lord, thou hast given me this day, and many days, to mind my soul, and work out my salvation: But, alas! I have mispent my time, profaned thy Sabbaths, and forgot my soul and Saviour: I was born in sin, I have lived in sin, and been careless of the work for which thou created me. O God, I am a most guilty creature: the number of my sins is great,

mar Athair rèidh rium, agus gabh rium mar dhuinne cloinne, air sgà do mhic ionmhuinn Iosa Chrìosd anns am bheil thu làn-thoilichte, do 'n robh, maille riutfa 's ris an Spiorad Naomh, glòir agus urram gu sìorruith. *Amen.*

*Arson Feasair là an Tigh-earna.*

**O**DHE naomha ghloirmhor, is tusa dh' eisdeas urnaigh, is tu Athair gach trocair. Is tu Dia mo bheatha, 's bheatha m' anama, o beathaich mi gu gairm air t-ainm, 's mo chridhe dhortadh amach ad lathair.

O Thighearna, thug thu dhomh an là so, is iomad la eile gu m' shlainte oibreachadh amach. Ach mo thruaigne! mhi-bhuilich mi m' aimsir, mhinnaomhaich mi do shabaidhean, is dhi-chuimhnich mi m' anam is mo Shlanai'ear. Rugadh mi ann am peaca, chaith mi mo bheatha ann am peaca, 's bha mi neo-churamach mu 'n obair sin agus an deachai' mo chruthacha. O Dhe, is creatuir ro-chiontach mi, tha àir-eamh mo pheacai ro-mhor,

and the nature of them is grievous. *But there is forgiveness with thee, that thou mayest be feared.* Lord, drown my sins this evening in the sea of Christ's blood, that my soul may not sink into the ocean of thy wrath.

O God, I bless thee for the Sabbath, the gospel, and the means of salvation. O sanctify my heart, and strengthen my memory to retain thy word, and make me a doer of thy word, and not a hearer only. Lord, work in me a true faith, a fervent love, and a lively hope. O may the love of Christ constrain me to fly from sin, and run the ways of thy commandments!

O God, help me in the evening of thy day to remember the evening of my life, and the approaching of the night of death, wherein no man can work. O that I were wise to provide for that night; and to trust in Christ as my Surety, to pay my debts, and clear my accounts; that, when I am come to die, I may have

agus an gnè namharr. *Ach agadsa tha maitheanas a chum 's gu gabht' eagal romhad.* O glan uam m' uile pheaca trid fearta fala Chrìosd.

Buidheachas duit, O Dhe, arson do shabaide, do shoifgeil, agus meadhona na slainte. O naomhaich mo chriche 's neartuich mo chuimhne chum greim a dheanamh air t'fhocal; is deonuich dhomh geill, co math as eisdeachd, a thoirt do d' shoifgeul. A Thigh-earna, oibrich annam fìor-chreideamh, teas-ghradh, agus beo-dhòchas. O 'gu deana' gradh Chrìosd m' eigneacha gu teicheadh o 'n pheaca, 's gu ruith ann an slighe t' aitheanta-fa!

O cuidich leam air feasgar an la so cuimhneachadh air feasgar mo bheatha, 's air oicl e bhais ata teannadh, dlù orn anns nach urrain aon neach obair sam bith a dheanamh. O gu bithinn glic chum ulmhachadh air chionn na h oiche sin, 's earbs' a Chrìosd mar m' Urras, a dhiola' m' fhiacha, 's a rèiteacha mo chunntais, chum 's gu biodh sìth coguis agam

the peace of a good conscience, and a well grounded hope of meeting with a reconciled Judge, and enjoying an eternal Sabbath with Christ above, that hath no night or week-day to come after it! All which I beg for the sake of Jesus Christ my Saviour. *Amen.*

*Another.*

**O** Glorious God, I come to thee in the evening of thy day, to bless thee for Jesus Christ, for the Sabbath, and the ordinances of the gospel.

All my mercies, O Lord, come from thee, but my miseries proceed from myself. O shew me my misery by Adam's fall, and my remedy by Christ's blood. Discover to me the greatness and multitude of my sins, and determine my guilty soul to fly speedily to Christ's wounds for shelter. O enable me to embrace him as my Prophet, as my Priest, and my King. Let me be taught by his Spirit, saved by his blood, and governed by his laws.

ri uair mo bhàis, agus do-chas dea'-bhunaiteach ri tachairt air mo Bhreitheamh ann ann rèite, 's ri fabaide shiorruith mhealtuinn le Crìosd air neamh, gun oiche no la seachduinn a theachd tuille! So uile tha mi guidhe air sgà Iosa Crìosd mo Shlanai'ear. *Amen.*

*Aon eile.*

**O** D H E ghloirmhoir, tha mi air feascar do là teachd a t-ionnsui' thoirt buidheachais duit arson Iosa Crìosd, arson na fabaide, 's arson orduighean an t soisgeil.

Uaits' O Thighearna, tha mo throcair uil' a' teachd, ach mo thruaighe uam fein. O nochd dhomh mo thruaighe trid tuiteam Adhaimh, is m' fhuasglaid trid fuil Chrìosd. Leig ris domh meud is lion'aireachd mo pheacai, 's thoir dhomh run fuidhichte grad theiche' chum Chrìosd arson didein. O neartuich mi gu gabhail ris mar m' Fhaidhe, mar mo shagart 's mar mo Rìgh. Deon uich dhomh bhì air mo theagasg le a Spiorad, air mo shabhala le fhuil, is air mo riaghla' la lagh.

O God, appear for *Zion* throughout the world, and bless thy word where-soever it hath been preached this day; and let it not be as water spilt upon the ground. Be gracious to all my friends, and forgive my enemies. Shew mercy to the afflicted, relieve the sick, the poor and the oppressed.

Lord, watch over those that are young, preserve them from Satan's snares and youthful pleasures. Keep me from the company of those that are *lovers of pleasures, more than lovers of God.*

Grant thy best blessings to my parents; enable them to educate me in thy fear, and help me thankfully to receive their instructions, and to love, honour, and obey them.

Lord, bless all my teachers, and cause the knowledge of Christ spread through the world, that so thy name may be hallowed, thy kingdom may come, and thy will may be done in earth as it is done in heaven. O God

O Thighearna, nochd thu fein a leth t' *Eaglais* air feadh an domhain, is beannuich t' fhocal anns gach aite 's an robh e air shearmonacha 'n diugh. Na biodh e mar uisg' a dhoirtear air an làr. Bi grafmhor do m' chairdibh uile, 's thoir maitheanas do m' naimhidibh. Dean trocair air an aitim ata fu leon, cobhair air a mhuintir tha tinn, bochd, no fu fhoirneart.

A Tighearna, dean faire orrasan tha òg. Gleidh iad a liontaibh an Aibhister, 's o thoilinntin mhealltach na h oige. O gleidh mise bho chuideachd na muintir sin aig am bheil barrachd gaoil air solas na th' ac air *Dia.*

Deonuich do m' pharantaibh rogha do bheannachda. Neartuich iad gu mise thogail suas ann a t-eagal, agus cuidich leamsa' gabhail gu taingeil ri 'n teagasg, is gradh, urram is umhlachd a thoirt doibh.

A Thighearna, beannuich mo luchd-teagaisg uile, 's craobh-sgaoil eolas Chrìosd air feadh an t-saoghail, a chum 's gu biodh t-ainm air a naomhacha, gu d' thige' do rioghachd 's gu deantar do thoil air thalamh mar nithear air neamh. O

give me my daily bread, and forgive me my daily sins. Deliver me from temptations, and preserve me unto thy heavenly kingdom, for Jesus Christ's sake. *Amen.*

Thighearna thoir dhomh m'aran lathail, is maith mo pheaca lathail. Saor mi o bhuaireadh, is comhead mi chum do rioghachd neamh-ai' fein, air sgà Iosa Crìosd. *Amen.*

*A Short PARAPHRASE on the LORD'S PRAYER.*

*URNAIGH an TIGH-EARNA air a MINEACHA.*

**O**UR Father which art in heaven; Grant we may be thy children indeed, and with faith and confidence may come to thee on all occasions, as children to a father, able and ready to help us. *Hallowed be thy name:* Let every one be possessed with the awful impressions of thy great and holy name, that they may study to be holy as thou art holy. God dethrone sin and Satan, and let thy kingdom come; cause every kingdom and every heart to submit to thy righteous sceptre and government. And let thy will be done on earth, by men, with sincerity and delight; As it is done in heaven by the angels and glorified saints.

**A**R n Athair ata air neamb; deonuich gu bi sinne do rìreadh 'nar cloinn duitse, 's gu feud sinn teachd gach uair a tionnsai' le creideamh agus muinighinn mar chlann a chum Athar, ata ullamh agus comasach air cuideacha' leinn. *Gu ma beannuichte gu robh t ainm.* Lionar gach cridhe le smaointe urramach mu t-ainm ard agus naomha, chum 's gu dean iad dicheall gu bhi naomha mar tha thusa naomha. Tilg asios ri-chathair a phecair agus an Aibhisteir, agus thigeadh do rioghachd. Thoir air gach rioghachd is air gach cridhe bhi umhal do d' uachdranachd. *Deun-tar do thoil air thalamh le daoine, le treibh-dhireas agus tlachd, mar ata i air a deanamh air neamb leis*

And seeing we cannot do thy will, nor serve thee, without necessary temporal mercies, Lord, Give us this day our daily bread, even food convenient for us, with thy fatherly blessing and good-will. But, Lord, put us not off with earthly mercies to relieve our dying bodies; grant us also heaven's blessings to enrich our never-dying souls. *And forgive us our debts, and sins, which are many and grievous, -for the sake of the ransom and merits of Jesus Christ our surety; as we forgive our debtors, by thy grace passing by the injuries we receive from others: God help us to more of this christian temper and meekness of spirit. And as we intreat to be saved from all sin past, so we pray to be preserved from it in all time to come: Lord, keep us back from sin, And lead us not into temptation, but deliver us from evil. O restrain and disappoint the devil our adversary, and deliver us from the many sins, snarcs and dangers, which daily*

na h-aingil agus na naoimh ata air an gloracha. Agus do bhri nach comasach sinne air do thoil a dheana' no feirbheis a thoirt duit gun tiolaca feumail na beatba so, *thoir dhuinn o là gu là ar n aran lathail, iodhon lòn iomchuidh air arson, le beannacha athaireil, is le dea'-ghean. Ach, o Thighearna, na cuir air falbh sinn le tiolaca talmhaidh thoirt d' ar cuirp bhas'or. Deonuich dhuinn mar an ceudna beannachda neamhai a ni faibhir ar n anama; agus maith dhuinn ar fiacha's ar peacaidh ata lionmhor agus oillteil, air sgà diolai agus toillteanais Iosa Crìosd ar n Utrais, amblui' mar mhaithemid d' ar fèicheannaibh, a' maithè' dhoibh an eacoir trid do ghrais-sa. O deonuich dhuinn tuille do 'n spiorad chiuin agus Chrìostuidh so. Agus mar tha sinn a' guidhe bhì air ar saoradh o gach peaca chaidh seachad, tha sinn mar an ceadn' a' guidhe bhì air ar teafairginn anns an am ata ri teachd. A Thighearna, gleidh sinn o pheaca's na leig ann am buaire sin, ach saor sinn o olc. O caisg ar namhaid an t Aibhisteir; cuir 'an aghaidh innleachd, agus saor sinn o gach*



surround us. To thee, O God, do we look, and upon thee we depend for hearing of our prayers, seeing thou art *mighty* to save, *powerful* to help, and *glorious* in thy tender mercy. Father in heaven glorify thy mercy in supplying our wants, pardoning our sins, and preserving us from evil; *For thine only is the kingdom, the power, and the glory, for ever. Amen.*

*Grace before Meat.*

**O** Gracious God, we have sinned against thee, and thereby lost our right to every mercy; yet thou dost pity and give us food: Lord, help us to receive the same soberly and thankfully; and make us, by the use of these thy creatures, more fit for thy service, through Jesus Christ. *Amen.*

*Another.*

**B**LESSED God, pardon our sins; be at peace with us, and re-

peaca, buaire, 's cunthart lionmhor leis am bheil sinn gach la air ar cuartacha. Riuts', a Dhe, tha ar fuil an togail; 's tha ar dochas ri eisdeachd d' ar n-urnaigh uais' amhain, oir tha thu treun gu 'r saoradh, neartmhor gu 'r cuideacha, 's glòirmhor ann ad throcair chaomh. Athair ata air neamh, gloraich do throcair ann ar n uir'easbhui' dheana' suas, ann am maitheanas thoirt duinn nar peaca; 's ann ar saoradh oile, oir is leats' an rioghachd, a chumbachd is a ghloir, gu siorruith. Amen.

*Alltacha ro' Bhiadh.*

**O** D H E ghrasmoir, pheacaich sinne ann a t aghai, 's mar sin cha 'n 'eil coir againn air tiolaca sam bith; gidheadh tha thu sa gabhail truas dinn, agus a toirt dhuinn lòin. A Thighearna cuidich leinn a ghabhail gu measarra agus gu taingeil; agus dean sinn le gnathacha nam meadhona beatha so, ni 's iomchui' arson do sheirbheis fein trid Iosa Crìosd. *Amen.*

*Aon eile.*

**O** D H E bheannuichte, thoir maitheanas dhuinn nar peaca, bi rèidh

move the curse that is due to the creatures for our sins; sanctify these mercies for our use, and help us to eat and drink to thy glory, for Christ's sake. *Amen.*

*Grace after Meat.*

**W**E thank thee, O gracious God, for Christ, and all the blessings thou has given us with him. We thank thee for feeding our bodies at this time: O let this mercy be an earnest of greater and better mercies provided for us in Christ, and make us labour for the food that perisheth not, but endureth to everlasting life, thro' Jesus Christ. *Amen.*

*Another.*

**B**LESSED God, what shall we render to thee for all thy mercies? It is in thee we live, move, and have our being. As we live by thy providence, Lord, help us to live to thy praise, looking and longing for a better life, with thyself above, through Jesus Christ our Lord. *Amen.*

ruinn, 's na buin ruinn a reir ar droch-thoilteanais, ach naomhaich na tiolaca fo chum ar seum, agus deonuich dhuinn ith' agus òl a chum do ghloirs' air sgà Iosa Criosd. *Amen.*

*Alltaha 'n deigh bìdh.*

**B**UIDHEACHAS duit, O Dhe ghrasmoir, arson Chriosd is gach sochair eile thug thu dhuinn maille ris. Buidheachas duit a bheathaich ar cuirp 'san am so. O biodh an tiolac fo na airtis air tiolacan is mò 's is fearr, air an ulmhacha dhuinn ann an Criosd, is deonuich dhuinn saothreacha arson a bhìdh nach teirig, ach a mhaireas chum na beatha bhith-bhuan, trid Iosa Criosd. *Amen.*

*Aon eile:*

**O**DHE bheannuichte, ciod a bheir sinne dhuit arson t uile thiola-caibh? 'S ann annads' ata ar bìth, ar beatha 's comas ar gluasad. Mar tha sinn air ar gleidhe beo le d' fhreas-dal, a Thighearna deonuich dhuinn bhì beo chum do chliu, le dùil is togra ri beatha 's fearr maille rint fein air neamh, trid Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

*The T E N C O M M A N D M E N T S*  
*in Metre.*

- I. Have thou no other gods but me.
- II. Unto no image bow thy knee.
- III. Take not the name of God in vain.
- IV. Do not the Sabbath day profane.
- V. Honour thy father and mother too.
- VI. And see that thou no murder do.
- VII. From whoredom keep thee chaste and clean.
- VIII. And steal not though thy state be mean.
- IX. Of false report bear not the blot.
- X. What is thy neighbour's covet not.

*Na D E I C H A I T H E A N T A*  
*ann an Ranndachd.*

- I. Na gèill do dhia ach mise 'mhàin;
- II. 'S do iomhaigh fhnaight na strìochd gu bràth.
- III. Ainm gloirmhor DHIA na lugh gu faoin,
- IV. 'S cuimhnich an t fàbaid choin head naomh.
- V. Do d' phàrantaibh thoir onoir mhor;
- VI. Is neach air bith na mort 's na leon.
- VII. O neo-ghloin cum thu fein gun lochd;
- VIII. 'S na goid ge d' bhios do staid gu bochd.
- IX. Fianuis bhreig na tog gu claon;
- X. 'S na sanntaich bean aon neach, no mhaoin.

An HYMN, or SPIRITUAL SONG for  
Young Ones.

1. BOTH few and ill the days of man  
Away do quickly pass ;  
Less than a hand-breadth, or a span :  
All flesh is like the grass.
2. God plants his flow'rs, when he thinks time ;  
Them plucks at any age :  
Wherefore should young ones then repine,  
When they're call'd off the stage ?
3. O that my Maker, while I'm young,  
I may remember still :  
From ill words, Lord, restrain my tongue ;  
From youthful lusts my will.
4. Behold, the days are hast'ning on,  
When troubles will molest ;  
When I shall say, *My pleasure's gone* ;  
Here is no place for rest.
5. Why should I seek my treasure here,  
In this dry barren land,  
Where nought but vanities appear,  
And griefs on every hand ?
6. Away with these deceitful toys  
That glister in mine eye ;  
I'll dart my looks beyond the skies,  
Where doth my treasure lie.
7. Whom have I in the heav'ns but thee ?  
Nor is there any one  
In all the earth, desir'd of me,  
But God himself alone.
8. O could I once mount up, and see  
My Lord and Saviour dear :  
Could I but get a glance of thee,  
This world would disappear.

LAOIDH, no DAN SPIORADAIL, arsen  
Cloinn òig.

1. **T**HA làithean dhaoine tearc is olc,  
Ag im'eachd feach gu cas;  
Mar leud na bois no fad na rèis,  
Gach feoil mar fheur dol as.
2. A bhlàthain sui'chidh Dia 's gach am,  
Is buainidh e 's gach aois:  
C' arson a bhiodh ri monmhur clann  
Tra ghairmear iad o 'n t-faogh'l?
3. O cuimhnicheamfa Dia an dràs,  
'An làithibh m' òig le beachd.  
O'bhriathraibh olc mo theanga cum,  
Is gleidh mi o gach lochd.
4. Feuch 's dlù na laithean anns an d' thig  
Orm trioblaid air gach taobh;  
'S an abair mi *Mo shòlas thrèig*;  
Is dh' fhalbh mo spèis do 'n t-faogh'l
5. Ciod uime dh' iarruinn fonas fìor  
'An gainn-tìr thirim fhàs?  
Far nach 'eil ni ach diombhanas  
Is mi-ghean air gach laimh.
6. Beir uam na nithe mealltach sin,  
Tha dealradh ann am fhùil;  
Is dearcam thar na speuraibh shuas  
Gu 'n duais ri 'm bheil mo dhùil.
7. Cia agam anns na neamha' shuas  
Ach thusa, Dhia nan dùl?  
Is ni bheil neach air talamh bhos  
Ach thus' am bheil mo dhùil.
8. O 's truagh nach b' urra mi dol suas  
Gu Slana'ear mo ghaoil!  
Nam faicinn dealra glan a ghnùis  
cha b' fhiu leam ni far t faogh'l.

9. My glorious Redeemer's gone,  
 To plead my cause with God :  
 He'll sprinkle justice fiery throne  
 With his peace-speaking blood.
10. Unto that palace I will look,  
 Where Christ hath gone before,  
 To pave the way unto his flock,  
 And keep an open door.
11. He'll lead them, when beyond the skies,  
 Unto a living spring :  
 He'll wipe all sorrows from their eyes,  
 And tune their hearts to sing.
12. No hurtful fruit, nor tempting *Eve*,  
 Is in that land of bliss ;  
 Nor cunning serpent, to deceive,  
 Lurks in that paradise.
13. On Christ my Shepherd I'll depend,  
 From him I will not stray ;  
 I will expect a blessed end,  
 If he do lead my way.
14. Let faith and love still in me grow,  
 Till my redemption come :  
 I am a stranger here below ;  
 But Christ will bring me home.
15. Thou art my life, my strength, and hope,  
 On whom I will rely :  
 I shall not sink with such a prop ;  
 Lord, save me when I cry.
16. Dear Saviour, reach down thy hand,  
 And take me up to thee ;  
 That near thy bright throne I may stand,  
 And all thy glory see.
17. To praise the Father, and the Son,  
 and Spirit all Divine,  
 The One in Three, and Three in One,  
 Let heaven and earth combine.

9. M' Fhear-faorui chaidh a fuas gu neamh,  
 'Thagradh ar cùis gu fìor ;  
 'S a chratha' cathair-cheartais DE,  
 Le fhuil tha 'g èigheach sìth.
10. Sior-dhearcaì mis' a fuas na dhèigh,  
 'S leanai mi chèim gu dlù ;  
 Mo fhlighe ni e uile rèidh  
 is ni e fein an t iul.
11. Stiuraidh e fhluagh 's na neamha' shuas  
 chum fruth do uifge beo ;  
 'S o 'n fuilibh fiabaidh e gach deur ;  
 'S ni 'n cridhe ghleus gu ceol.
12. Cha mheall am meas, 's cha bhuaire a Bhean  
 'San duthaich fhona 'n àigh ;  
 Oir ni bheil nathair mhillteach bhrèig  
 Am phàrras Dhe nan gràs.
13. Ri Crìosd mo Bhuachaille biaidh mo thaic,  
 air feachran uaidh cha d' thèid ;  
 'S ri crìch ro-bheannuicht' biaidh mo dhùil  
 Ma stiuras e mo cheim.
14. Fàsadh mo ghràdh 's mo chreideamh 'raon,  
 Ach gus an faorar mi ;  
 Oir 's coigreach mi air thalamh bhos,  
 mo dhathigh tha le Crìosd.
15. Mo bheath' mo neart, 's mo dhochas buan,  
 Am bheil mo thearmunn treun ;  
 Cha tuit mi 's Crìosd gam chumail fuas ;  
 O eisd gu luath ri m' eigh.
16. A Shlan'air ghraf-mhoir sin do làmh,  
 'S a t ionnfui' tog mi fuas ;  
 Gu faicinn gloir do chathair-rì,  
 Is onoir fhìor an UAIN.
17. Nis gloir do'n Athair is do 'n Mhac,  
 'S do 'n Spiorad naomh araon ;  
 Do 'n triuir 'an aon, is aon 'an triuir  
 Biodh cliu air feadh gach faogh'il !

+

GAELIC BOOKS, TRANSLA-  
TIONS, &c. sold at the SHOP of  
JOHN GILLIES, Bookseller in  
*Perth*, and JAMES GILLIES,  
Bookseller in *Glasgow*.

---

Gaelic New Testaments

——— Psalm Books with Paraphrases, &c.

——— Catechisms

——— Mother's Catechism

——— Confession of Faith

——— Baxter's Call to the Unconverted

——— Allein's Alarm, a new edition

M'Donald's Gaelic Songs

Stewart's Gaelic Songs

Conflicts of the Clans; to which is added, a curious  
Collection of Gaelic Songs

Mr. Smith's Gaelic Antiquities, Quarto

———'s View of the Last Judgment, Octavo

Clark's Works of the Caledonian Bards

———'s Defence of Ossian's Poems

Ossian's Poems, 2 vol. with Blair's Dissertations

M'Donald's Gaelic Vocabulary

Gaelic Proverbs

Willison on the Catechism, in Gaelic



N. B. Merchants may be supplied at said Shop,  
• with Writing Paper of all Sorts; Wax, and  
Wafers; Dutch, English, and Irish Quills;  
Slates and Slate Pens; Violin Strings, and  
Music Books; and every other Article in the  
Stationary Branch, on reasonable Terms.

